

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

An Lus as Cùbhraidhe

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gaidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 11.50 am Friday, repeated at 2.55 pm on Sunday. This is Litir 790. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which goes to air around 7.00pm on Monday evenings between Siubhal gu Seachd and Rapal. Litir Bheag 486 corresponds to Litir 790. Both programmes are available on the BBC website at bbc.co.uk/alba/foghlam.

Dè an lus as cùbhraidhe fàileadh a dh'fhàsas gu nàdarrach ann an Alba? Abair ceist airson Litir a thòiseachadh!

Bidh mi a' coimhead air a' chù agam agus tha e follaiseach gu bheil e beò ann an saoghal gu tur eadar-dhealaichte bhon t-saoghal anns a bheil mi fhìn beò. Tha mi cinnteach gum bi 'dealbhan' na inntinn stèidhichte, chan ann air na laigheas air a shùil ach na bhuaileas air a shròin.

Ach tha cuid de dh'fhàilidhean ann a tha a' bualadh air mac-an-duine gu mòr cuideachd. Bidh cuimhne agam gu sìorraidh air an fhàileadh chùbhraidh a bh' air cinn mo dhithis chloinne, goirid às dèidh gun d' rugadh iad. Bha e cumhachdach!

Agus cofaidh – a' ròstadh ann an taighean-bìdh is cafaidhean ann an Dùn Dè. Cha robh mi eadhon ag òl cofaidh an uair sin – bha mi ro òg. Ach bha am fàileadh cho math 's gum bi mi fhathast a' cur mo shròin os cionn pacaid de chofaidh pronn nuair a dh'fhosglais mi a' chiad turas i.

Agus o chionn fhada, nuair a bhithinn a' coiseachd ann am beanntan is coilltean Thasmania, bhithinn gu tric a' lorg lus air an robh *lemon-scented boronia* mar ainm. Nam pronnadh tu na duilleagan bhiodh fàileadh mar liomaid a' tighinn bhupa. Gach turas a bhios mi a' tilleadh a Thasmania, bidh mi an tòir air an lus sin. Abair na làithean brèagha anns na beanntan a tha e a' toirt gu mo chuimhne.

Air ais do na flùraichean Albannach. An do thagh sibh an fheadhainn as fheàrr leibh fhèin fhathast? Chan eil an ròs no lus na tùise ceadaichte, no rud sam bith eile a dh'fhàsas a-mhàin anns an leas. Tha mi ag iarraidh beachd air lusan dùthchasach.

Seo agaibh na trì a bu mhotha a chòrd rium as t-samhradh am-bliadhna. Anns a' chiad dol a-mach, bha an roid. Sin preas a dh'fhàsas air a' mhòintich. Tha fàileadh car geur air a dh'fhosglas do chuinneanan. Bhiodh na seann daoine a' cur dhuilleagan roide am measg stuth am bobhstairean airson deargannan a chumail **far na leapa**. Agus tha cuid dhen bheachd **gun cuir e fuath air** meanbh-chuileagan. Ann am Beurla 's e *bog myrtle* a th' air an roid.

'S e an dàrna lus a chuimhnicheas mi – meannt an uisge. Tha e a' coimhead brèagha, le duilleagan dorch-uaine agus flùraichean beaga purpaidh faisg air mullach nan gasan. Abair am fàileadh a gheibh thu nuair a phronnas tu na duilleagan. Agus nithear deagh thì bhlasta le bhith a' goil nan duilleag ann an uisge. Tha e a cheart cho math ri tì-mheannt a ghabhas ceannach ann am bùth.

Sin dà lus le fàileadh air na duilleagan. Ach 's e am fear as fheàrr leam lus le fàileadh cùbhraidh air na dìtheanan. Tha e doirbh tuairisgeul a dhèanamh dhen fhàileadh – tha mìlseachd an ròis ann ach rudeigin de ghlainnead na giùthsaidh cuideachd. Dhèanadh e deagh shiabann.

Tha na flùraichean beag ach pailt, le dath an uachdair orra, agus bidh iad ann eadar an t-luchar agus an Lùnastal. Tha e a' fàs ann an lèanan agus pàircean fliucha nach eil air an gearradh ro thrìc, agus tha e gu math cumanta ann an cuid de bhailtean croitearachd. Dè th' ann? Crios Chù Chulainn nomeadowsweet. Lus le dualchas sònraichte do na Gàidheil agus fàileadh air leth.

* * * * *

Faclan na Litreach: mac-an-duine: *humans [collective]*; cumhachdach: *powerful*; lus na tùise: *lavender*; dùthchasach: *native*; meannt an uisge: *water mint*; deagh shiabann: *good soap*.

Abairtean na Litreach: Dè an lus as cùbhraidhe fàileadh a dh'fhàsas gu nàdarrach?: *what is the sweetest smelling plant that grows naturally?*; tha e follaiseach gu bheil e beò ann an saoghal gu tur eadar-dhealaichte: *it's obvious that he lives in a completely different world*; gum bi 'dealbhan' na inntinn stèidhichte, chan ann air na laigheas air a shùil ach na bhuaileas air a shròin: *that there are [will be] pictures in his mind based, not on what lies in his sight but what assails his nose*; tha cuid de dh'fhàilidhean ann: *there are some fragrances*; cinn mo dhithis chloinne, goirid às dèidh gun d' rugadh iad: *the heads of my two children, shortly after they were born*; a' ròstadh ann an taighean-bìdh is cafaidhean ann an Dùn Dè: *roasting in restaurants and cafes in Dundee*; a' cur mo shròin os cionn pacaid de chofaidh pronn: *putting my nose above a packet of ground coffee*; bhiodh fàileadh mar liomaid a' tighinn bhuapa: *a smell like lemon would come from them*; bidh mi an tòir air an lus sin: *I go in search of that plant*; a dh'fhàsas a-mhàin anns an leas: *which only grows in the garden*; a' cur dhuilleagan roide am measg stuth am bobhstairean: *putting leaves of bog myrtle among the contents of their mattresses*; flùraichean beaga purpaidh faisg air mullach nan gasan: *small purple flowers near the end of the stems*; nithear deagh thì bhlasta le bhith a' goil nan duilleag: *good tasty tea can [will] be made by boiling the leaves*; tì-mheannt a ghabhas ceannach ann am bùth: *mint tea that can be purchased in a shop*; tha mìlseachd an ròis ann: *it has the sweetness of the rose*; rudeigin de ghlainnead na giùthsaidh: *something of the cleanliness of the pine forest*; dath an uachdair: *the colour of cream*; lèanan agus pàircean fliucha: *damp meadows and wet fields*; cuid de bhailtean croitearachd: *somecrofting townships*.

Puing-chànain na Litreach: airson deargannan a chumail far na leapa: *to keep fleas from the bed*. Far, despite its appearance, works as a compound preposition (it derives from de bhàrr, 'off the top of') and thus commands a noun in the genitive case. So an leabaidh (nominative) becomes na leapa (genitive); leabaidh is a feminine noun and takes the article na in the genitive singular.

Gnàthas-cainnt na Litreach: tha cuid dhen bheachd gun cuir e fuath air meanbh-chuileagan: *and some people think that it repels midges*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA